



b. D.

H.M. 49.

July 1. 1912.





Wilson 20/8/56



ORIGINAL POETRY.

A Song specially composed for the Duthil Pamphleteer.

Rinn spiorad o 'n t-sàtain,
Do ghluasad an àirde;
Thoir fuath do na càirdean,
Is feàrr tha sa'n rioghachd.

'S iad naimhdeas a's mì-rùn,
Luchd tuathanais t' inntinn;
'S tha 'm bàrr tha uaip' cinntinn,
Ro mhillteach da rìreadh.

Rinn do chridhe, aig a chruadhas,
An fhirinn chuir suarach;
Air chor 's nach 'eil buaidh aic',
Gu d' ghluasad gu géilleadh.

Rinn meallaidhean làidir,
Dha 'n athair an sàtain;
Do shaltairt fo 'n sàilean,
'S cha 'n àill leat uath éiridh.

Uime sin tha thu saoilinn
Mu thimchioll nan "Daoine";
Chionn nach gabh iad do thaobhs',
Gur daoine gun chiall iad.

Ach na cuir's' cho suarach,
An gliocas a fhuair iad;
Fa dhèidh bheir iad buaidh leis,
Air gach truaigh agus éigin.

Air cathraichean chì thu,
Le sùilean do chinn iad,
N' an suidhe mar rìghrean
Toirt binn air luchd eu-ceart.

Nis smuanaich na thràth air,
A chum 's nach bi nàir ort,
Aig sealltuinn an àirde,
Ris 'n àit' anns am bi iad.

Thoir 'n t soraidhs' le càirdeas,
A dh' uireasbhuidh faillinn,
Gu fear casaid na 'm braithrean
Tha thàn' 'n Tullochgrìban.





LAURISTON CASTLE
LIBRARY ACCESSION



